

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

Litreachas agus Leabhairchean Gàidhlig

Tha Comhairle nan Leabhairchean 50! Ann an 2018 thathar a' comharrachadh leth-cheud bliadhna bhon a chaidh a' bhuidheann a stèidheachadh agus tha e na thlachd gu bheilear air a bhith aig cridhe an fhàis anns an àireamh de leabhairchean Gàidhlig ann an clò thairis air na bliadhnaichean. Aig àm nuair a tha uiread de mhi-chinnt ann mu mhaoin phoblach airson nan ealan agus cultar ann an Alba, tha an t-àrdachadh a tha air a thighinn anns an àireamh de leabhairchean Gàidhlig a tha Comhairle nan Leabhairchean a' reic a' dearbhadh gu bheil iarrtas ann airson leabhairchean Gàidhlig agus gu bheil an àireamh de luchd-leughaidh Gàidhlig ann an Alba agus air feadh an t-saoghal a' fàs.

Anns na trì bliadhnaichean a dh'halbh, tha Comhairle nan Leabhairchean, am priomh bhuidheann airson Litreachas Gàidhlig na h-Alba, air àrdachadh luach 14% a chlàradh anns an àireamh de leabhairchean Gàidhlig a chaidh a reic anns a' bhùth aca ann an Glaschu agus air-loidhne. Tha 27% de na leabhairchean Gàidhlig a thathar a' reic air-loidhne a' dol air feadh an t-saoghal, gu dùthchannan leithid Na Stàitean Aonaichte, Canada, A' Gharmailt, An Eilbheis agus Innis Tíle.

Ann an 2017, chuir Comhairle nan Leabhairchean rannsachadh air leughadh airson tlachd air bhonn airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn mu na cleachdaidhean leughaidh aig luchd-leughaidh na Gàidhlig. Ghabh 550 neach à Alba, an Rìoghachd Aonaichte, an Roinn Eòrpa agus an còrr den t-saoghal pàirt anns an sgrùdadh air-loidhne agus chaith agallamhan fòn agus buidhnean deasbaid a chumail airson fuasgladh fhaighinn air modhan agus feumalachdan luchd-leughaidh na Gàidhlig. Fhuaras dearbhadh gu bheil 60% de na daoine a ghabh pàirt anns an rannsachadh a' leughadh leabhairchean Gàidhlig airson tlachd. Tha 36% dhiubh sin fileanta sa chànan agus misneachail a' leughadh sa Ghàidhlig. Tha 60% de na daoine a ghabh pàirt anns an rannsachadh a' ceannach suas ri còig leabhairchean Gàidhlig sa bhliadhna agus tha 22% de dhaoine a' ceannach barrachd air sia leabhairchean Gàidhlig sa bhliadhna. Cha robh diofar sam bith anns na cleachdaidhean leughaidh Gàidhlig agus Beurla aig na fileantaich a ghabh pàirt anns an rannsachadh. Bha e nàdarrach dhaibh a bhith a' leughadh anns an dà chànan.

Bha 64% de na daoine a ghabh pàirt anns an rannsachadh ag ionnsachadh Gàidhlig agus bha iad air na comasan aca a mheas aig ìrean eadar-dhealaichte – bho ire bhunasach gu ìre glè adhartach. Bha luchd-ionnsachaidd na Gàidhlig gu math soilleir mun bhuaidh a bh' aig leabhairchean Gàidhlig agus leughadh air leasachadh agus cleachdad na Gàidhlig dhaibhsan. Tha iad a' cleachdad leabhairchean agus a' leughadh sa Ghàidhlig airson nan comasan agus a' mhisneachd aca sa chànan a' leudachadh.

Bha luchd-leughaidh fileanta agus an luchd-ionnsachaidd a' tarraing air an aon ràmh a thaobh nan seòrsaichean leabhairchean Gàidhlig anns an robh ùidh aca. Tha iad ag iarraidh fiscean eachdraidheil, litreachas clasaigeach, murt agus eucoir, diomhaireachd agus farsaingeachd de leabhairchean neo-fhicsean a leughadh.

Bidh am fiosrachadh bhon rannsachadh seo air leth feumail do Chomhairle nan Leabhairchean san àm ri teachd. Bidh an taic agus comhairle a thathar a' toirt do sgrìobhadairean agus foillsicheadan Gàidhlig stèidhichte air na beachdan a fhuaras bho luchd-leughaidh na Gàidhlig.

Tha Comhairle nan Leabhairchean air a bhith a' cumail taic ri Latha Litreachais aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail airson iomadh bliadhna a-nis agus tha e na thlachd a bhith a' faicinn òigradh agus inbhich a' gabhail ùidh ann an sgrìobhadh Gàidhlig. Tha na farpaisean seo cudromach oir tha iad a' toirt misneachd do sgrìobhadairean ùra - cuid aca le leabhairchean ann an clò a-nis. Le fios gu bheil leabhairchean Gàidhlig de gach seòrsa a dhith air an luchd-leughaidh, thathar an dòchas gum faic sinn àrdachadh anns an àireamh de thagraidhean airson na farpaisean litreachais am-bliadhna. Siuthadaibh! Ma tha sgeulachd no bàrdachd agaibh – tha sinn airson a leughadh!

Rosemary Ward
Ceannard
Comhairle nan Leabhairchean

Gaelic Literature and Books

The Gaelic Books Council is 50! In 2018, the organisation marks its 50th anniversary and is delighted to have been at the heart of the growth of the number of Gaelic books in print over the years. Against a backdrop of huge uncertainty about continued public funding for the arts and culture in Scotland, the increase in the number of books being sold by the Gaelic Books Council, clearly illustrates there is a growing demand for Gaelic books and the numbers of Gaelic readers in Scotland and throughout the world is increasing.

Over the course of the last three years, the Gaelic Books Council, the lead organisation for Scottish Gaelic Literature, has recorded a 14% increase in the sale of Gaelic books from their bookshop in Glasgow and through online sales. 27% of Gaelic books sold from the company website are delivered to a growing number of destinations across the world, including the United States of America, Canada, Germany, Switzerland and Iceland.

In 2017, the Gaelic Books Council initiated a research project on reading for enjoyment to gain a detailed understanding of the reading habits and needs of Gaelic readers. 550 individuals from Scotland, the United Kingdom, Europe and the rest of the world participated in an online survey and this was followed up with telephone interviews and geographical focus groups to further interrogate reader's habits and needs.

The survey evidenced that 60% of respondents read Scottish Gaelic books for enjoyment. 36% of these respondents recorded themselves as fluent Gaelic speakers and confident Gaelic readers. 60% of all respondents purchase up to five Gaelic books per annum, with 22% purchasing more than six books per annum. There was no difference between the English and Gaelic reading habits of the fluent Gaelic speakers surveyed. They were equally competent and comfortable in both languages.

64% of the survey respondents were Gaelic learners who self-assessed their competence in the language across a broad learning spectrum – from elementary right through to advanced. Most learners were very aware of the positive impact of books and reading on their usage and development of the language. They regularly use Gaelic books and practice reading to improve their confidence and develop their linguistic competence.

Fluent readers and learners were in agreement when asked about the types of Gaelic books they enjoyed and wanted to read. They want more historical fiction, classic literature, crime and murder, fantasy and a wealth of non-fiction to suit all tastes.

This feedback and the research recommendations will be invaluable to the Gaelic Books Council going forward. The support and guidance offered to Gaelic authors and publishers will be informed by the feedback received from the survey respondents.

The Gaelic Books Council has supported Literature Day at the Royal National Mod for many years and it is always very encouraging to see young people and adults taking an interest in writing in Gaelic. These literary competitions are extremely important as they encourage and stimulate new writers – some of whom have gone on to become published authors. Secure in the knowledge that Gaelic readers want a rich variety of Gaelic books, we hope to see an increase in entries for the literature competitions this year. Go on! If you have a story or a poem – we want to read it!

*Rosemary Ward
Director
The Gaelic Books Council*






'S urrainnear iarrtas a chur a-steach airson farpaisean a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a-nis.
Tha an siostam air-loidhne againn beò.

Bruthaibh air <http://enter.ancomunn.co.uk/> airson clàradh.

Dèanaibh cinnteach gun leugh sibh Riaghailtean a' Mhòid mus cuir sibh iarrtas a-steach.



You can now enter this year's Royal National Mod competitions. Our online system is now live.

Go to enter.ancomunn.co.uk to register.

Please make sure that you read The Rules of The Royal National Mod before entering.



Mòdan ri Teachd
Future Royal National Mod Dates



Dùn Omhainn – 12-20 Dàmhair 2018

Glaschu – 11-19 Dàmhair 2019

Inbhir Nis - 9-17 Dàmhair 2020

Mòd 2021- 8 -16 Dàmhair 2021

Mòd 2022 - 14-22 Dàmhair 2022

Cumaibh sùil air làrach-lìn a' Chomuinn agus na meadhanan sòisealta againn!

Keep an eye on our website and social media pages for regular updates!

Cinn-latha iarrtasan a' Mhòid:

Tron phost:
31 Cèitean 2018

Pìosan fèin-thaghte tron phost:
31 Cèitean 2018

Air-loidhne:
Diluain 2 Iuchar 2018

Pìosan fèin-thaghte air-loidhe:
Diluain 2 Iuchar 2018

Mòd entry deadlines:

Entry by post:
31 May 2018

Own Choice Submissions by post:
31 May 2018

Online Entries:
Monday 2 July 2018

Online Own Choice Submissions:
Monday 2 July 2018

www.ancomunn.co.uk



Duaisean a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail

Mur a bheil sibh air bh' ur h-ainmeanan a chur air na duaisean a bhuannaich sibh an-uirdh, bu chòrr dhuibh seo a chur air dòigh anns na mhìosan a tha romhainn.

Cosgaidh seo £12.50 airson gach duais aig an Trophy Centre, Inbhir Nis. Nuair a bhios na duaisean deiseil leis na h-ainmeanan orra, bheir luchd-obrach an Trophy Centre na duaisean a-null gu oifis a' Chomuinn Ghàidhealaich an Inbhir Nis—abair seirbhis!

Chìtheart gu h-iosal gu bheil an Trophy Centre cuideachd a' tabhachd £10 fo prìs tiodhlacan sa' bhùth aca ma chosgas sibh £30. Ma tha sibh airson bruidhinn riutha a thaobh na duaisean agaibh, cuiribh fios thuca:

01463 238 495

www.invertrophy.com

Royal National Mod Trophies

If you have not yet had your trophies engraved you should look at getting this done over the next few months.

Engraving will cost £12.50 at the Inverness Trophy Centre. Once engraving has been completed, the wonderful staff at The Trophy Centre will arrange for the trophies to be returned to the An Comunn Gàidhealach office in Inverness.

You will also see below a voucher which the Trophy Centre are currently offering. This voucher provides a £10 discount on jewellery and gifts if you spend £30 or more. If you wish to speak to them regarding the engraving of your trophies, give them a call on the number below and they will be more than happy to help:

01463 238 495

www.invertrophy.com



Bheil sibh air Measadh Gàidhlig a chuir air dòigh fhathast?

Cuimhnichibh: Tha agaibh ri Measadh a dhèanamh ro ceann-latha iarrtasan a' Mhòid

Have you arranged to sit your Gaelic Assessment yet?

Remember: Assessments must be sat before the Mòd entry deadline

Ceann-latha airson Cairtean Gàidhlig Mòd 2018

Bithibh mothachail gum feumar Measadh a dhèanamh ro cheann-latha iarrtas a' Mhòid.

Ma tha sibh airson latha measaидh a chur air dòigh no ma tha ceist agaibh a thaobh na measaidean, cuiribh fios gu Seonag Anderson: seonag@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn gu 01463 709 705.

Deadline for Mòd 2018 Gaelic Assessment Cards

Please note that all competitors requiring Gaelic Assessment will have to gain their card before the Mod entry deadline.

If you are not sure if you need a Gaelic Assessment and would like to book a slot, or have any other questions regarding Gaelic Assessments, please contact Seonag Anderson at seonag@ancomunn.co.uk or phone 01463 709 705.

Pìosan Ainmichte Mòd 2018

Gheibhear air pìosan ainmichte Mòd 2018 a cheannach [an seo](#).

Tha leabhraichean agus CDs nam pìosan ainmichte cuideachd rin ceannach bho na h-ofisean againn ann an Inbhir Nis agus Steòrnabhagh.

Mòd 2018 Music

Prescribed Pieces for Mòd 2018 are available to download [here](#).

Alternatively you can buy the music books and CDs from our offices in Inverness and Stornoway.

Farpais an Aigeallan Airgid 2018

Feumaidh farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus A253 (Fireannaich) òran a thaghadh a tha leantainn air cuspair sònraichte.

Airson 2018 's e 'tàladh' cuspair an òran do dh'farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus 's e 'òran-seilge' cuspair an òran do dh'farpaisich ann an A253 (Fir).

Silver pendant qualifying Competition 2018

Competitors in A252 (Ladies) and A253 (Men) must choose a song which follows a theme which is specified annually.

For 2018, the theme for A252 (Ladies) is 'lullaby' and for A253 (Men) 'hunting song'

Seribheis Ghàidhlig mar Chuimhneachan air Iain Macleòid

Thèid seirbheis Ghàidhlig a chumail ann an Eaglais Shaor Choluim Cille, Johnston Terrace, Dùn Èideann air Disathairne an 26mh den Chèitean aig 2f.

Tha fàilte oirbh uile a thiginn ann.

Bha Iain gu math measail air a bhith a' cur a-mach na loidhne aig seirbheisean Gàidhlig. Bhiodh e fhèin agus a bhean, Christine a' frithdealadh na seirbhisean Gàidhlig an Dùn Èideann gach mìos, far am biodh e a' cur a-mach nan loidhne cuideachd.

Bhiodh Iain cuideachd a' gabhail pàirt ann am farpaisean seinn Sailm aig a' Mhòd agus choisinn e a' chiad duais aig Mòd Nàiseanta Rioghail 2017 ann an Loch Abar.

'S e deagh chothrom a tha seo airson cuimhneachadh air Iain agus tha an teaghlaich a' cuir fàilte chridheil oirbh uile a thiginn ann.

Gaelic Service in Memory of John Macleod

A Gaelic service will be held in memory of John Macleod in St Columba's Free Church, Johnston Terrace, Edinburgh EH1 2PW on Saturday 26th May at 2pm.

All are welcome to attend.

Iain had a special place in his heart for Gaelic Psalm Precenting. He attended and presented at the Gaelic services in Edinburgh each month with his wife Christine.

Iain would often take part in Gaelic Psalm Precenting competition at the Mods and won the Precenting competition at the Royal National Mod in Lochaber in 2017.

This is a fitting way to remember John and all are welcome to attend the service.



FARPAISEAN LITREACHAS NA H-ÓIGRIDH

Nach cuir sibh a-steach airson aon de na farpaisean a leanas airson cothrom duais a bhuanachadh dhuibh fhèin agus dhan Sgoil agaibh!


Sgriobh sgeulachd ghoirid, pìos bàrdachd no cunntas-naidheachd ann an Gàidhlig

Deasaich taobh-duilleag ealain le faclan Gàidhlig

Deasaich prògram rèidio no film goirid ann an Gàidhlig

Tuilleadh: marina@ancomunn.co.uk





FARPAISEAN LITREACHAS

Rosg neo-fhicsean

Sgeulachd Ghoirid

Bàrdachd

Dealbh-chluich ùr

Òran Ùr

Artaigil

Airson tuilleadh fiosrachadh, curibh fios gu
Marina NicAoidh aig **marina@ancomunn.co.uk.**

www.ancomunn.co.uk



Farpais Réidio

Radio Competition



Deasaich Prògram Réidio air cuspair sam bith

Prepare a Radio Programme
on any topic that interests you

www.ancomunn.co.uk/rules



SUPPORTED BY

year of young people
 bliadhna na h-òigridh
 2018



Bheil ùidh agaibh anns na meadhanan? Ma tha, nach dèan sibh prògram réidio anns a' Ghàidhlig leibh fhèin no còmhla ri caraidean? Faodaidh sibh bruidhinn air cuspair sam bith

Do you have an interest in the media? If so, why not make your own Gaelic radio programme on your own or with friends? The programme can be on any topic that interests you

(Fosgailte dha ògridh fo aois 19 | Open to under 19s)



Bithibh mothachail gu bheil sinn air atharrachaidhean a dhèanamh air na farpaisean a leanas airson
Mòd Nàiseanta Rìoghail 2018.

Please be aware of amendments to the following competitions for this year's Royal National Mod.

C53 – Literary ages 9-10 Open - Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.

C53A – Literary ages 11-12 Open - Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.

C153 – Literary ages 16-18 Open – Write a short story, poem or news article on a topic of your own choice.

Farpais C01 - Radio programme – **Open** – Prepare a radio programme not exceeding 10 minutes duration on the topic of **"Bliadhna na h-Òigridh"**. Entries can be submitted via **soundfile or cd**. If you are interested in a career in radio, this could be the perfect opportunity to gain some experience and get some feedback.

Farpais C02 – Short Film / Vlog – Open – Prepare a short film / vlog not exceeding 10 minutes duration on the topic of **"Bliadhna na h-Òigridh"**. Entries can be submitted via **youtube link or dvd**. If you are looking to get involved in Gaelic media, why not share some of your creative ideas by entering this competition.

C180 (U19) - Sing waulking songs of own choice. Any number of songs may be sung, which may, but not necessarily, include an 'òran basaidh', within a time limit of 10 minutes. Groups must consist of at least 7 persons with one or more soloists, if preferred. The singing will be in unison. Any variations to unison singing should be strictly in accordance with traditional local approaches to the singing of waulking songs. Spoken input as part of the performance or preceding the singing of another song is also at the discretion of the group.

A278 - Sing waulking songs of own choice. Any number of songs may be sung, which may, but not necessarily, include an 'òran basaidh', within a time limit of 10 minutes. Groups must consist of at least 7 persons with one or more soloists, if preferred. The singing will be in unison. Any variations to unison singing should be strictly in accordance with traditional local approaches to the singing of waulking songs. Spoken input as part of the performance or preceding the singing of another song is also at the discretion of the group.

Open (Fluent & Learners)

For Mod 2018, the themes for both A204 & A205 will be "Eilthireachd" (Emigration).

A204

Reading Poetry

Reading of a poem based on a specified theme, competitors own choice. An introduction to the chosen piece should be given before reading.

A205

Reading Prose

Reading of a passage of prose based on a specified theme, competitors own choice. An introduction to the chosen piece should be given before reading.

The aggregate winner of the above competitions will be awarded the Glasgow Skye Association Gold Medal and is only eligible to win this once.

The Cardonald Highlanders Cup will be awarded to the most promising learner.



Mòd Nàiseanta Rìoghail

Royal National Mod

Atharrachaidhean | Amendments

Chithear atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seò gu h-iosal. Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.

You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.

A305 Gheibhinn Cadal Math

Alto – Bar 17 – iomadh should be **aomadh**

Sop 1 bar 42, Sop2 bar 43, Alto bar 44 – earras maoin should be **earras 's maoin**

Bar 12 - Alto line 2nd beat should be a single 'G' as it is in bar 36.

A306 – Siud mar chaidh an càl a' dholaidh

Bar 16 & 32 – delete final soprano notes in these bars

Bar 18 – tenors to sing same rhythm as ladies

Bar 53 – Alto line to be sung the same as bar 49

Bar 55 – Alto 'bhata' to be sung as two crotchets

A308 - A chaile dhubb a' sgulair

The word 'Sgùlair' should actually be written as 'Sgulair' but it shouldn't affect the musical rhythm of the word.

C51A - Cumha nan Iasgairean

Verse 4 should be sung as: Mo thriùir bhràithrean **taobh ri taobh riuth'**

'S fear an taighe, 's e bu daoire



For any further information on the above changes, please contact the
Music Committee Administrator:

mairi@ancomunn.co.uk



Mòdan Ionadail 2018

Provincial Mods 2018



Mòd Ionadail Lochabar

11 agus an 12 den Chèitean 2018.

moirarobertson15@gmail.com

Lochaber Provincial Mod

11 and 12 May 2018.

moirarobertson15@gmail.com

Mòd Ionadail Sgìre an Òbain

Dihaoine 1 agus Disathairne 2 den t-Ògmhios.

sometimezznoozie@hotmail.com

Oban Provincial Mod

Friday 1 and Saturday 2 June.

sometimezznoozie@hotmail.com

An t-Eilean Sgitheanach

30 Cèitean - 2 Ògmhios 2018

maireadnicolson@btinternet.com

www.skyemod.co.uk

Skye Provincial Mod

30 May - 2 June 2018

maireadnicolson@btinternet.com

www.skyemod.co.uk

Mòd na Hearadh

31 Cèitean - 1 Ògmhios 2018

Harris Provincial Mod

31 May - 1 June 2018

Mòd Ionadail Leòdhais

5mh - 8mh den t-Ògmhios 2018.

peigi@ancomunn.co.uk

Lewis Provincial Mod

5 - 8 of June 2018.

peigi@ancomunn.co.uk

Mòd Ionadail Cille Bharaghde an Ear

Dihaoine 1 agus Disathairne 2 den t-Ògmhios.

catmacdonald292@btinternet.com

East Kilbride Provincial Mod

Friday 1 and Saturday 2 June.

catmacdaonald292@btinternet.com

Mòd Ionadail Sruighlea

Dihaoine 1 agus Disathairne 16 den t-Ògmhios.

modshruighlea@gmail.com

Stirling Provincial Mod

Friday 1 and Saturday 16 June.

modshruighlea@gmail.com

Mòd Ionadail Glaschu

Dihaoine 8 agus DSisathairne 9 den t-Ògmhios.

angelajenkins34@hotmail.com

Glasgow Provincial Mod

Friday 8 and Saturday 9 June.

angelajenkins34@hotmail.com



Mòdan Ionadail 2018

Provincial Mods 2018



Mòd Ionadail Ghallaibh is Chataibh

Disathairne 2 Ògmhios 2018
janette.mackay@tiscali.co.uk

Thèid Mòd na bliadhna seo a chumail anns am Blàdhran Odhar.

Caithness & Sutherland Provincial Mod

Saturday 2 June 2018
janette.mackay@tiscali.co.uk

This year's Mod will take place in Bettyhill.

Mòd Ionadail Obar Pheallaidh

8 & 9 Ògmhios 2018
pad.gaelicmod@gmail.com

Aberfeldy Provincial Mod

8 & 9 June 2018
pad.gaelicmod@gmail.com

Mòd Ionadail Àird nam Murchan

15 den t-Ògmhios 2018.
telden@btinternet.com

Ardnamurchan Provincial Mod

15 of June 2018.
telden@btinternet.com

Mòd Ionadail Inbhir Nis

15 & 16 den t-Ògmhios 2018
secretary@invernessprovincialmod.co.uk

Inverness Provincial Mod

15 & 16 of June 2018
secretary@invernessprovincialmod.co.uk

Mòd Ionadail Èile

Disathairne 23 den t-Ògmhios 2018
alisongrayislay@aol.co.uk

Islay Provincial Mod

Saturday 23 of June 2018
alisongrayislay@aol.co.uk

Mòd Ionadach na Dreòlluinn

7 agus an 8 den t-Sultain 2018
enquiries@mullmod.org.uk

Mull Provincial Mod

7 and 8 of September 2018
enquiries@mullmod.org.uk

Mòd Ionadail Bharraigh

29mh den t-Sultain 2018
modbharraigh@aol.com

Barra Provincial Mod

29th of September 2018
modbharraigh@aol.com



An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Am Mòd Nàiseantà Rioghail

2018 MÒD DHÙN OMHAINN 12-20 DÀMHAIR

2019 MÒD GLASCHU 11-19 DÀMHAIR

2020 MÒD INBHIR NIS 9-17 DÀMHAIR

The Royal National Mòd

DUNOON 12-20 OCTOBER

GLASGOW 11-19 OCTOBER

INVERNESS 9-17 OCTOBER

Na Mòdan Ionadail

LEÒDHAS LEWIS

DÙN ÈIDEANN EDINBURGH

SRUIGHLEA STIRLING

CILLE BHRIDHE AN EAR EAST KILBRIDE

CATAIBH IS GALLAIBH SUTHERLAND & CAITHNESS

ÌLE ISLAY

UIBHIST UIST

LOCH ABAR LOCHABER

SIORRACHD PHEART IS AONGHAIS PERTHSHIRE & ANGUS

Provincial Mòds

NA HEARADH HARRIS

ÀIRD NAM MURCHAN ARDNAMURCHAN

GLASCHU GLASGOW

INBHIR NIS INVERNESS

AN T-EILEAN SGITHEANACH SKYE


AN T-ÒBAN OBAN

NA DREÒLLUINN MULL

BARRAIGH IS BHATRSAIGH BARRA

For Provincial Mòd dates and more go online:
www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282



Duilleag Ùr Facebook

Tha duilleag ùr Facebook aig Comataidh Ionadail Mòd Dhùn Omhain!

Tadhalaibh an seo airson fiosrachadh mu thachartasan is eile.

Ma tha sibh airson fiosrachadh a chur thugainn, cuiribh teachdaireachd thugainn tron duilleag seo cuideachd.

Tha sinn an dòchas gun còrd e ribh!

New Facebook Page

The Dunoon Mod 2018 Local Organising Committee have a new Facebook page!

Click on the link below and give our page a like and a share!

Stay up to date with news of any events and important information from the LOC.

If you would like to contact us, you can send us a message via our Facebook page.

We hope you like it!

<https://m.facebook.com/DunoonMod2018/>

Làrach-lìn Comataidh Ionadail Dhùn Omhain

Tha làrach-lìn Comataidh Ionadail a' Mhòid beò a-nis. Dèanaibh cinnteach gun tadhal sibh air airson fiosrachadh a thaobh Comataidh Ionadail a' Mhòid, tachartasan airson airgead a thogail, àitichean-fuirich agus cothroman saor-thoileach!

www.moddhunomhain.com

Dunoon Local Committee Website


The Local Organising Committee's website is now up and running. Make sure to check it out for information about the LOC in Dunoon, fundraising events, accommodation and volunteering opportunities!

www.moddhunomhain.com

Cuideachd, tha duilleag Facebook aca- dèanamh cinnteach gu bheil sibh gan leantainn: <https://www.facebook.com/DunoonMod2018/>

Also, give their Facebook page a like to keep up to date with the LOC's events and updates: <https://www.facebook.com/DunoonMod2018/>





Family Ceilidh

(un-Licensed)

Dunoon Grammar School

Friday 11th May

7pm - 9.30 pm

Adults £5 - under 16 £3

Inverhooley Ceilidh Band

TICKETS: MACLURES / MOD SHOP / WEF

Còmhlaing-pìoba Sgoil Lionacleit aig Seachdain Thartain New York

Tro shaor làithean na Càisge fhuair sgoilearan bho Chòmhlan-pìoba Sgoil Lionacleit cothrom iongantach dha rìreabh agus chaidh iad air turas nach diochuimhnich iad gu bràth!

Chuir iad còig là seachad ann am baile New York. Airson feadhainn dhiubh cha 'b e seo a-mhàin a' chiad turas a bha iad air Alba fhàgail ach airson cuid dhiubh cha robh iad riàmh air a bhith air plèan. Gu dearbha cha b' urrainn dhan àite fuirich aca, ann an teis meadhan Times Square, a bhith cail nas eucoltaiche ri machraichean Uibhist!

Chluich na sgoilearan dà thuras air Bryant Park agus bha iad an-sàs aig consairt sònraichte air Eilean Ellis. Bha e follaiseach leis an sluagh a thàinig a dh'èisteachd riutha gun do chòrd e riutha gu mòr agus fhuair na sgoilearan fhèin misneachd a bhith a' frithhealadh na tachartasan seo.

Cuideachd, bha na sgoilearan a' gabhail pàirt anns a' Chaismeachd Mhòr a ghabh àite sios 6th Avenue airson Seachdain Thartain a thoirt gu crìoch. Bha na milltean air na sràidean agus sgoilearan Uibhist nan glòraidh a bhith a-measg tachartas cho mòr sa tha nochdadh ann am baile New York.

Chaidh an turas seo a chur air dòigh ann an sia mìosan agus chìtheart prògram air BBC Alba mun turas aca nas fhaide air adhart sa bhliadhna.

Faodar criomagan bhon turas aca fhaicinn air You Tube aig na ceanglaichean a leanas:

Criomag bho Eilean Ellis: <https://bit.ly/2GGPNmc>

An Consairt slàn bho Eilean Ellis: <https://youtu.be/1Dar-LDmil>



Sgoil Lionacleit Pipe Band at New York Tartan Week

Pupils from the Sgoil Lionacleit Pipe Band had a once in a lifetime experience during the Easter holidays when they travelled to New York to take part in the Tartan Week celebrations.

They spent five days in New York City. Not only was it the first time some of the pupils had travelled outwith Scotland, it was also the first time some of them had travelled on a plane. Their accommodation in the centre of Times Square could not have been more different to the machairs of Uist!

The pupils performed twice in Bryant Park and also took part in a special concert on Ellis Island. It was clear that the audience thoroughly enjoyed their performances and the pupils gained great experience and confidence in participating in these events.

The pupils also took part in the Grand Parade down 6th Avenue, which brought Tartan Week 2018 to a close. Thousands were gathered on the streets and the Uist pupils were delighted to be a part of one of New York's most wonderful events.

It took six months to organise the trip. BBC Alba will be broadcast a special programme about their trip later on in the year.

You can view snippets from their trip on You Tube via the following links:

Snippets from Ellis Island: <https://bit.ly/2GGPNmc>

Concert on Ellis Island: <https://youtu.be/1Dar-LDmil>



A' Cuimhneachadh Laura Jane

Chaidh seirbheis shònraichte a chumail ann an Eaglais St Leonards in the Fields, Peairt air Dìhaoine an 20mh den Għiblean 2018. Chaochail Laura Jane aig an taigh ann am Peairt air an 20mh den Mhàirt, 2018 aig aois 67.

Thogadh Laura Jane ann an Cherrybank, Peairt. Chaidh i dhan Bhun-sgoil agus dhan Ārd-sgoil ann am Peairt agus an uairsin chaith i Ghlaschu airson Bith-ceimigeachd a dhèanamh san oilthigh. Chur i seachad a beatha as dèidh sin ag obair ann an ospadal an Cathar Challdainn agus an Glaschu. Thill i an uairsin dhachaидh a Pheairt gus coimhead as dèidh a màthair as dèidh bàs a h-athair.

Bha ùidh mhòr aig Laura Jane ann an dannsa dùthchail agus fhad's a bha i a' fuireach an Glaschu, thog i ùidh ann an seinn Gàidhlig. Bha i gu math dèidheil air seinn Gàidhlig agus bha i na ball de Chòisir Gàidhlig Ìleach Ghlaschu airson bliadhnaichean.

Bha an ùidh aice sa' chànan Gàidhlig cho mòr agus gun do rinn i deuchainnean aig ire Standard Grade agus Ārd ire. Bhiodh i a' frithealachd am Mòd Nàiseanta Rioghail gach bliadhna agus bhiodh i cuideachd a' gabhail pàirt aig iomadach Mòd Ionadail air feadh Alba agus bhiodh i a' cuideachadh aig Fèis Chiùl Pheairt cuideachd. Bha i ag obair ann am bùth cheimigeir ann am Peairt agus mar neach-taic ann an taigh-tasgaidh.

Thàinig sluagh mòr còmhla air latha bhreagha sa' Għiblean gus beatha Laura Jane a chomharrachadh. 'B e an t-Urr Iain Murdoch a ghabh an t-seirbheis, a thòisich le òran air an robh Laura Jane gu math measail, 'An Àtaireachd Ārd', air a sheinn le Rona NicChòinnich à Peairt. Bha a h-uile duine a bha an làthair mothachail air an àite a bh' aig cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig ann am beatha Laura Jane agus bha e follaiseach leis na bha an làthair air an latha, cho measail agus a bha coimhearsnachd Ghàidhlig Pheairt agus Alba air Laura Jane.

Tha sinn a' cuimhneachadh air teaghlaich agus caraidean Laura Jane aig an àm dhuilich a tha seo.

JM

Remembering Laura Jane

A service to celebrate the life of Laura Jane Rintoul was held at St Leonards in the Fields Church of Scotland, Perth on Friday 20th April 2018. Laura Jane died at home in Perth on the 20th March 2018, aged 67 years.

Laura Jane was brought up in Cherrybank, Perth and attended Perth Junior and Senior Academies before studying Biochemistry in Glasgow. Thereafter, she worked in hospital laboratories in Kirkcaldy and Glasgow before returning home to Perth, to nurse her ageing mother, following the death of her father.

Laura Jane had a life-long love of country dancing and during her stay in Glasgow she took an interest in Gaelic singing. This became her passion and she was a long-time member of the Glasgow Islay Gaelic Choir. Her interest in the language led her to sit Standard Grade Gaelic, followed by Higher Grade Gaelic, examinations. She attended the Royal National Mòd every year and participated in many local Mòds across Scotland, as well as helping at Perth Music Festival. Latterly she worked in a Chemist's shop in Perth before working as a museum assistant.

A beautiful day in April saw a large turnout of family and friends gather to celebrate Laura Jane's life. The Minister of St Leonards in the Fields, the Reverend John Murdoch, led the service which proceeded with a rendition of An Aitearakd Ārd. This lovely song, a favourite of Laura Jane's, was sung beautifully by Rona Mackenzie of Perth. The service left those present in no doubt about the part that the Gaelic language, music and culture had played in Laura Jane's life and the attendance at the service confirmed the place that Laura Jane had secured amongst the Gaelic community in Perthshire and throughout Scotland.

Our thoughts are with Laura Jane's family and friends at this difficult time.

Sòraidh leibh Laura Jane – gus am bris an latha.

JM




Comunn Gàidhealach an Òbain

*Coinneamh Bhliadhnaile
Annual General Meeting*

*Wednesday 16th May
7.30pm*

*Furan Gaelic Centre
Corran Halls, Oban*

*All current and new members
welcome to attend*



Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan

Tha Bòrd na Gàidhlig a' sireadh Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan làn-ùine stèidhichte sna h-ofisean againn ann an Inbhir Nis. Bidh e an urra ris an neach-dreuchd seo dèanamh cinnteach gun tèid aontaidhean maoineachaidh, tabhartasan agus cùmhnan tan a' Bhùird le buidhnean eile a chur an gniomh agus gun tèid sùil a chumail orra.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, faicibh an tuairisgeul obrach gu h-ìosal.

Gus cur a-steach airson na dreuchd seo, feuch gun cuir sibh foirm-iarrtais agus foirm-sgrùdaidh co-ionannachd chothroman
gu.corporra@gaidhlig.scot

ro 17:00 air Diluain 7 Cèitean 2018.

Thèid agallamhan a chumail ann an Inbhir Nis air Diciadain 23 Cèitean 2018.

Funding and Projects Officer

Bòrd na Gàidhlig seeks to appoint a full-time Funding and Projects Officer based in our office in Inverness. The post-holder will be responsible for the Bord's processes with regards to the provision of funding agreements, grants and contracts with outside organisations and their monitoring.

For more information, see the job description below.

To apply for this post, please send in your application form along with the equality opportunities monitoring form to
corporra@gaidhlig.scot
before **17:00 on Monday 7th May 2018**.

Interviews will be held in Inverness on Wednesday 23rd May 2018.

Tuairisgeil Obrach—Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan

Foirm-iarrtais Cosnайдh

Foirm-sgrùdaidh Co-ionnanachd Chothroman

**Bòrd na Gàidhlig
Great Glen House, Leachkin Road,
Inverness,
IV3 8NW**

Tel: +44 [0] 1463 225454

Email: oifis@gaidhlig.scot

www.gaidhlig.scot



5-7 May Moladh Uibhist

Moladh Uibhist, 5-7 den Chèitean

'S e 'Moladh Uibhist' an tachartas bliadhnaile againn a' coimhead ri dualchas òran Uibhist agus an t-àite aca san dualchas. Thigeabh còmhla rinn airson deireadh-sheachdain làn seinn is sgeulachdan, eadar 5mh-7mh den Chèitean aig àiteachan bho Èirisgeidh gu Uibhist a Tuath, a' togail òrain san t-seann dòigh am measg eòlaichean na coimhearsnachd Uibhistich agus an cuid sgeulachdan. 'S e cothrom air leth a tha seo, a' leigeil le daoine tighinn ann airson blasad fhaighinn air an dùthchas bheò glan às an tobar. An àite clas foirmeil, bidh na bùthan-obrach nan ceardaill seinn fuasgailte. Tha prògram den deireadh-sheachdain ri fhaotainn air làrach-lìn Cheòlais.

Sgoil Shamhraidh Cheòlais, 1-6 den Iuchar

Ionsachadh barraichte ann an ceòl, dannsa agus cànan na Gàidhlig bhon luchd-chiùil thraigiseanta as fhéarr à Alba is Canada; cuairtean treòirichte, taighean-cèilidh agus dannsan aig tallaichean-baile sa choimhearsnachd as treasa sa Ghàidhlig; fior chultar nan Eilean beò na dhachaigh fhèin.

Tha sgoil shamhraidh Cheòlais gun choimeas. Airson seachdain san Iuchar, thèid Eilean Uibhist na bhoil le ceòl, dannsa agus cànan na Gàidhlig, cairdean bho thall thairis a' tilleadh agus còrr air ceud oileanach na sgoil shamhraidh bho gach aois is àite. Thig ann airson brìgh beatha na Gàidhealtachd fhiosrachadh – fialaidheachd bhlàth, dùthchas is cultar beairteach, agus ath-chruinneachadh nan daoine.

Thig crìoch air an t-saoghal ach mairidh gaol is ceòl.

Symposium coimhearsnachd, 21-24 July

Coimhearsnachd – daoine, tachartasan, àiteachan agus cleachdannan na sgìre – sin cridhe nan symposium bliadhnaile. Le ire àrd na Gàidhlig, tha na tachartasan seo a' toirt cothrom do luchd-tadhail a bhith air am bogadh ann an cainnt na coimhearsnachd.

'S àbhaist dha bhith ga ruith cola-deug an dèidh sgoil shamhraidh Ceòlas, gus a bhith a' sniomh a-steach dha Fèill Àiteachais. Bidh òraidean, còmhraidhean, bùithtean-obrach, cuairtean treòirichte agus cèilidhean a' dol. Thar na deich bliadhna a dh'fhalbh, tha iad air cur gu mòr ri beatha na coimhearsnachd.

'S e feamainn, todhar agus lagh a' chladaich a thathar a' smaoineachadh a bhios mar chuspair na bliadhna-sa.



Moladh Uibhist, 5-7 May

Moladh Uibhist ('In Praise of Uist') is the reinvigorated song conference which focuses on the song traditions of Uist and their place within the community. Join us for a weekend of song from May 5th-7th from North Uist, Èirisgeidh and South Uist, learning local songs and their associated stories from the tradition bearers of Uist. This exceptional opportunity will allow song students to learn at the source of the tradition. Workshops will take the form of informal song circles, instead of formal classes, for a more relaxed style. A full programme is available from our website.

Ceòlas Summer School, 1-6 July

Unbeatable tuition in Gaelic music, dance and language from the best traditional musicians in Scotland and Canada; guided walks, house cèilidhs and village-hall dances in the strongest Gaelic-speaking community in the world; authentic Hebridean culture alive in its heartland.

The Ceòlas summer school is an experience like no other. For a week in July, the Isle of South Uist is alive with an amazing buzz and electricity, Gaelic music, dance, language, a returning diaspora and over a hundred summer school students of all ages and backgrounds. Experience the essence of Gaeldom – the warm hospitality, the rich heritage and culture, the return home of family.

Community Symposium, 21-24 July

Community – local people, places, events and traditions – is at the heart of the annual heritage symposium. With a high level of Gaelic content, these events provide participants with the perfect opportunity to immerse themselves in the South Uist vernacular. Usually taking place two weeks after the Ceòlas summer school to dovetail with the annual Agricultural Show, the symposia provide visitors and members of the community with an additional programme including talks, discussions, workshops, guided walks and evening cèilidhs. Over the past decade, they have greatly fostered the shared sense of place in the community.

2018 subject is provisionally scheduled to cover seaweed and *lagh a' chladaich*, or the law of the shore.





Latha na Gàidhlig Gaelic Fun Day

Disathairne / Saturday

28.4.18 1.30pm – 5.30pm

Feasgar spòrsail le tachartasan Gàidhlig airson gach aois
A fun afternoon of Gaelic events for all ages

Boys' Brigade Hall, Crimond Place, Aberdeen, AB10 1RX

An asgaidh / Free admission

1.30pm	Dannsa Ceum na h-Alba — òraíd agus bùth-obrach Scottish Step Dancing — talk and workshop Pat Ballantyne	Sgilean Siòrcas / Circus Skills (airson clann / for children) Ariel Killick
2.15pm	Dè an Sgeul a tha air Cùl na h-Òrain? - òraíd agus bùth-obrach What's in a Gaelic Song? - talk and workshop Wilma Kennedy	Biastagan Mòra na Gàidhlig / Big Gaelic Beasties (airson clann / for children) Ariel Killick
3pm	Srùbag agus cèicean / Cuppa and cakes Òrain Ghàidhlig / Gaelic Songs Spòrs airson clann / Children's activities Fèill Comhairle nan Leabhrachaean / Gaelic Books Council Stall	
4pm	Ceilidh — Yousdancin Ceilidh Band	


F Gaelic Aberdeen

F Club Gàidhlig Obar Dheathain



Talks and workshops will be delivered in both Gaelic and English so don't worry if you don't speak Gaelic - you may learn some!

Ceud taing do Bòrd na Gàidhlig airson tac-saigrid a chur ris an latha seo
Many thanks to Bòrd na Gàidhlig for providing funding for this event





Naidheachdan as ùire bho Comunn na Gàidhlig

Latest news from Comunn na Gàidhlig

Tha tòrr air a bhith a' dol anns na beagan sheachdainean a chaidh seachad. Bha latha math aig buidheann òigradh 'Dealanaich' bho Taobh Siar Leòdhais bho chionn ghoirid, nuair a bha iad a' togail raft, abseiling & a' speileadh aig Ionad Scaladale Centre. Abair gu robh latha spòrsail aca!



Beagan is dà sheachdain ri dhol gus am bidh roinn ionadail Cuach na Cloinne ann an Leòdhais agus tha Sgoil Lionail & Sgoil An Taobh Siar trang a' treànadhl!

Tha sinn an dòchas gun tèid gu math dhan a h-uile sgioba a tha a' gabhail pàirt anns an fharpais.

Cumaibh sùil air duilleag Facebook Comunn na Gàidhlig airson tuilleadh fiosrachadh.

<https://www.facebook.com/comunnnagaidhlig/>



There has been lots going on in the last few weeks. Dealanaich youth group from the West Side of Lewishad a great time recently in Scaladale- raft building, abseiling and ice skating! A wee treat after their hard work for FilmG... lots more projects for this group to get busy with in the months to come too!



Just over 2 weeks to go until the regional round of Cuach na Cloinne in Lewis - Sgoil an Taobh Siar and Lional school are busy training in preparation!

We wish all the teams taking part the very best of luck.

Keep an eye on the Comunn na Gàidhlig Facebook page for regular updates.



Cafaidh Gàidhlig

Luchd-ionnsachaidh



Disathairne 2^{na} Ògmhios 2018

Saturday 2nd June 2018

10.30am – 12noon

Madainn Chofaidh airson ur cuid Gàidhlig a chleachdadh!

Coffee Morning for people interested in using their Gaelic!

Cafaidh Nourish, Sràid na h-Eaglaise, Inbhir Nis

Nourish Café, Church Street, Inverness



FARPAIS SGRÌOBHAIDH ÙR MAR CHUIMHNEACHAN AIR NIAMH NICEANRAIG


"DIÒMHAIREACHD"
"MYSTERY"

SGRÌOBH SGEULACHD GHÀIDHLIG GHOIRID 1500-2000 A DH' FHAID
AIR A' CHUSPAIR DIÒMHAIREACHD.

FOSGAILTE DO DH' OILEANAICH ANN AN COLAISTE NO
OILTHIGH SAM BITH ANN AN ALBA

IARRTASAN GU:
RUNAIRE@SMO.UHI.AC.UK RO 30.04.18

£200, AGUS DUAIM GLAINNNE AIR A THOIRT SEACHAD
LE TEAGHLACH NIAMH



Tachartas Gàidhlig aig May Festival – Obar Dheathain
Dihaoine 25 Cèitean 2018, 18:00 - 19:00
Seòmraichean Linklater, Oilthigh Obar Dheathain

Mar chomharra de 50 bliadhna on a chaith Comhairle nan Leabhraichean a stèidheachadh, bidh taisbeanadh agus leughaidhean bho dhithis sgrìobhadair chliùiteach, Alison Lang agus Sandy NicDhòmhnaill Jones, ann an còmhchradh ri Michelle NicLeòid.

'S e sgrìobhadair ùr agus inntinneach ann an saoghal na Gàidhlig a th' ann an Sandaith NicDhòmhnaill Jones. 'S ann a' sior àrdachadh a tha a cliù mar bhàrd agus i air duaisean bàrdachd a bhuannachadh, nam measg sin Duais Bàrdachd Bhaile na h-Ùige 2013, agus Duais Chol. Eoghain Uí Néill ann an 2014. Tha dachaigh aig Sandaith ann an Uibhist agus tha dlùth cheangal aice ri Innse Gall.

Chaidh a' chìad chruinneachadh den a' bhàrdachd aice, Crotal Ruadh, fhoillseachadh le Acair ann an 2016, agus nochd an leabhar air geàrr-liosta Duais Dhòmhnaill Meek 2016.

Tha Alison Lang air cliù a chosnadh mar sgrìobhadair nobhailean agus sgeulachdan goirid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Bidh i cuideachd a' sgrìobhadh dràma airson telebhisean, rèdio agus àrd-ùrlar. Chaidh na leabhraichean aice ainmeachadh air geàrr-liostaichean nan duaisean Dhòmhnaill Mheek agus Comann na Croise. Chaidh an nobhail ùr aice, Am Balach Beag a dh'Èisteadh aig Dorsan fhoillseachadh le Luath Press anns a' Mhàirt 2018.

Tha tiogaidean an-asgaidh rim faighinn bho www.abdn.ac.uk/mayfestival

Gaelic Event at May Festival – Aberdeen
Friday 25th May 2018, 18:00 - 19:00
Linklater Rooms, University of Aberdeen

Celebrate The Gaelic Books Council's 50th anniversary with an exhibition and readings by award-winning authors Alison Lang and Sandy NicDhòmhnaill Jones, in conversation with Michelle MacLeod.

Poet, singer and harpist Sandy NicDhòmhnaill Jones is a versatile and intriguing new voice in Gaelic poetry, winning Scotland's Wigtown Poetry Prize in 2013 and Ireland's Col. Eoghain Uí Néill Prize in 2014. Sandy has a home in South Uist and strong affinities with the Hebrides. Her first poetry collection, Crotal Ruadh / Red Lichen was published by Acair in 2016 and was shortlisted for the 2016 Donald Meek Award.

Alison Lang is a celebrated novelist and short story writer in Gaelic and English, who also writes drama for television, radio and stage. Her books have been shortlisted for Donald Meek and Saltire Society awards. Her latest novel, Am Balach Beag a dh'Èisteadh aig Dorsan (The Little Boy who Listened at Doors), was launched by Luath Press in March 2018.

Free tickets are available from www.abdn.ac.uk/mayfestival



**COMHAIRLE NAN
LEABHRAICHEAN**
THE GAELIC BOOKS COUNCIL

'Leugh is Seinn le Linda' aig Fèis Wee Write

Bidh 4 seiseanan 'Leugh is Seinn le Linda' airson teaghlaichean aig Fèis Wee Write 2018 (Chaidh na seiseanan seo a chur dheth anns a' Mhàirt ri linn an droch shìde). Bidh na seiseanan uile ann an Leabharlann Mitchell ann an Glaschu agus tha iad an-asgaidh.

Tuilleadh fiosrachaidh bho www.ayewrite.com

Disathairne 19 Cèitean, 1.00f agus Didòmhnaich 20

Cèitean, 10.30m

Seisean airson teaghlaichean, ag amas air clann aois 0-2 agus pàrantan

Disathairne 19 Cèitean, 2.15f agus Didòmhnaich 20

Cèitean, 11.45m

Seisean airson teaghlaichean, ag amas air clann aois 3-5 agus pàrantan

'Leugh is Seinn le Linda' at Wee Write

There will be 4 'Leugh is Seinn le Linda' sessions for families at Wee Write 2018 (these sessions were postponed in March due to the bad weather). All sessions will take place in the Mitchell Library in Glasgow and are free. More information from www.ayewrite.com

** Although primarily in Gaelic, sessions will be welcoming to parents who are learning the language or who are non-Gaelic speakers **

Saturday 19th May, 1.00pm and Sunday 20th May, 10.30am

Sessions for families, aimed at children aged 0-2 and their parents

Saturday 19th May, 2.15pm and Sunday 20th May, 11.45am

Sessions for families, aimed at children aged 3-5 and their parents.



**COMHAIRLE NAN
LEABHRAICHEAN**
THE GAELOIC BOOKS COUNCIL



Taisbeanadh Sgrìobhadairean

Disathairne 12 Cèitean, 2.00f

Leabharlann Phàislig

68 High Street, Pàislig PA1 2BB

Bidh Mairi E. NicLeòid (sgriobhadair), Mòrag Law agus Alistair Paul (luchd-gleidhidh Dhuaisean nan Sgrìobhadairean Ùra ann an 2017 agus 2018) ann an còmhradh le Catriona Mhoireach, sgriobhadair, craoladair agus cathraiche Chomhairle nan Leabhrac.

Bidh còmhradh ann mu dheidhinn litreachas na Gàidhlig san fharsaingeachd agus bidh cothrom aig an luchd-èisteachd ceistean a chur air a' phannal.

Bidh tì is cofaidh ann, agus cothrom leabhraichean Gàidhlig a cheannach.

Gaelic Writers Showcase

Saturday 12th May, 2.00pm

Paisley Central Library

68 High Street, Paisley PA1 2BB

Join Mairi E. MacLeod (Gaelic novelist and short-story writer), Mòrag Law and Alistair Paul (recipients of the Gaelic New Writers Awards in 2017 and 2018), in conversation with Catriona Murray, writer, broadcaster and Chair of The Gaelic Books Council.

Followed by a panel discussion on Gaelic literature and an open Q&A session.

Simultaneous interpretation facilities will be available

Refreshments will be provided, as well as an opportunity to purchase Gaelic books.



**COMHAIRLE NAN
LEABHRAICHEAN**
THE GAELIC BOOKS COUNCIL





Nobhail Ùr do Chloinne bho Acair

Tha nobhail ùr do chloinne a-nis ri fhaighinn bho Acair - 'Seòras Ruadh agus Barabal' le Mòrag Anna NicNèill. 'S e leabhar air leth èibhinn a tha seo, bho an tè a sgrìobh 'Granaidh Afraga', a dh' fhoillsich Acair ann an 2017.

"Nuair a tha Barabal a' gluasad gu dachaigh eile, chan eil i a' faireachdainn ach brònach is aonranach, oir tha a pàrrantan daonna ag argamaid agus chan aithne dhi duine anns a' bhaile ùr. Tha cùisean ag atharrachadh gu luath nuair a tha i a' coinneachadh ri cat annasach aig a bheil cumhachdan mí-nàdarra..."

Chan fhada gus a bheil a beatha gu math nas inntinniche agus Seòras Ruadh ga toirt leis air cuairtean seunta gu àiteachan iongantach, far a bheil iad a' coinneachadh ri iomadh caratter a tha a cheart cho miORBHAILEACH ris a' chat ruadh fhèin..."

Ri fhaighinn an seo - <http://www.acairbooks.com/.../.../seoras-ruadh-agus-barabal.aspx>


New Children's Novel from Acair

A new children's novel is now available from Acair—'Seòras Ruadh agus Barabal' by Morag Anna MacNeil. This is a very funny book, from the author of 'Granaidh Afraga', which was published by Acair in 2017.

"When Barabal moves to a new home, she feels sad and lonely as her parents are always arguing and she doesn't know anyone in this new town. Things begin to change once she meets an unusual cat with special powers..."

It is not long before her life becomes much more interesting, with Seòras Ruadh taking her on all sorts of interesting journeys, where they meet all sorts of characters who are as interesting as the red-haired cat himself..."

Buy online here—<http://www.acairbooks.com/.../.../seoras-ruadh-agus-barabal.aspx>



www.acairbooks.com

An Lòchran

A bheil ùidh agad ann a bhith an sàs ann an Fhèill Mhòir Sràide as t-samhradh? A bheil thu airson cleasachd a dhèanamh? A bheil Gàidhlig agad neo a bheil ùidh agad sa chultar agus sgeulachd nan Gàidheal ann an Glaschu? Ma tha thu saor eadar 9-12 Lùnastal faodaidh tu pàirt a ghabhail ann am pròiseact triall tro bhaile Ghlaschu a' leantainn sgeulachd na Gàidhlig thairis nam bliadhna le òran, fuaim agus ealain shuidheachaидh.

Mar phàirt den phròiseact 'Glaschu' tha An Lòchran ag obair còmhla ri Glaschu Beò gus cothroman a thabhairn agus sgilean a' leasachadh do luchd-labhairt agus do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig a bheil ùidh ann an cleasachd neo ceòl. Gheibhear cothrom a bhith ag obair agus a' cleasachd le feadhainn de na cleasaichean as ainmeile ann an Gàidhlig, le buannachd is fealladhà gu leòr na lùib.

'S e iomairt a tha ann an 'Glaschu' a tha ag amas air ceanglan agus taisbeanaidhean cultar na Gàidhlig ann an Glaschu a' leasachadh. Thèid caochladh de phròiseactan is de thachartasan a chur air dòigh eadar am Merchant City Festival, Cultural Programme of the European Championships, Am Mòd Nàiseanta Rìoghail 2019 agus eile. Leis an làrach-linn ùr tha na tachartasan seo uile air a tharraing a-staigh – tòiseach tòiseachaidh ann a bhith a' soillseachadh, a' sgaoileadh, agus a' cnuasachadh a bhuaidh a tha air a bhith, agus a th' aig na Gàidheil air a' bhaile.


Gheibhear cosgaisean siubhail agus cosgaisean bìdh air an latha.
Cuir fios gu – iain@anolochran.com

Would you like to be part of a large street festival over the summer? Have you an interest in performing? Do you speak Gaelic or are interested in Gaelic culture and the story of Gaelic in Glasgow? If you are available on Thursday –Sunday 9-12th August you may be interested in participating in a unique city trail following the story of Glasgow Gaelic past and present through song, sound and installation.

As part of the 'Glaschu' project An Lòchran are working with Glasgow Life to offer opportunities and skills development to Gaelic speakers and Learners who are interested in performance, drama and/or music. You will get the opportunity to rehearse and perform alongside some of Gaelic's most talented artists, to have a rewarding experience and some fun along the way.

Glaschu is an initiative aimed at better communicating and sharing Gaelic culture within Glasgow. A range of projects and events will be taking place in the lead up to the Merchant City Festival, Cultural Programme of the European Championships, The Royal National Mod 2019 and beyond. The new online resource is the Launchpad for this – a starting point in highlighting, sharing and exploring the influence Gaels have had, and continue to have, on the city.

We will cover your expenses
and provide lunch.
Please contact – iain@anolochran.com



Disathairne 19 Ceitean / Saturday 19 May 2018

Latha Gàidhlig

A day celebrating Gaelic Language and Culture in Crieff

Strathearn Community Campus

Workshops and activities from 10am


Bookbug Step Dance Gaelic Song

Beginners Gaelic Classes Step Wee Cèilidh Art Workshop

Gaelic Trail Film Storytelling The Gaelic Landscape

Afternoon Concert from 3pm

Featuring BBC Radio 2 Young Folk Award Winner



FREE ENTRY & No Previous experience of Gaelic language necessary

For more information contact Gaelic@pkc.gov.uk or call 01738 476495

Website: www.pkc.gov.uk/gaelic

 Gaelic in Perthshire #gaelicinperthshire



**Strathearn
Community
Campus**



SUPPORTING
year of young people
biadhna na h-òigridh
2018



Latha Gàidhlig



Explore the Gaelic Tree Alphabet All Day

All Ages

Did you know Crieff comes from the Gaelic word Craobh meaning Tree?

Take a wander around the Campus how many hidden leaves you can find!



Beginners Gaelic Class 10am – 11.30am & 1pm – 2.30pm

Suitable for Age 14+

An introduction to basic Gaelic language covering Unit 1 of the Ulpan Gaelic Course.



Step Dance 10am – 11am & 1pm – 2pm

All Ages

Come and try out Dannsa Ceum (Step Dance) with Kinfauns Stepdancers.



Art Workshop 10am – 2.30pm

All Ages

Local artist June McEwan will be with us for the day leading a drop-in art workshop using the famous Gaelic Tree Alphabet as a focus for creating paintings in acrylic. June makes everything fun, and you don't need to be "an artist" to join in.



Gaelic Bookbug 10.15-10.45am

Suitable for 0-5s + parents/carers

Did you know Bookbug Speaks Gaelic too? Join us during Bookbug Week for a special session where all songs, rhymes and stories will be in Gaelic. These sessions are for babies, pre-schoolers, parents and carers to enjoy. No previous experience of Gaelic is necessary.



Step Wee Cèilidh 11am & 1pm


Suitable for 0-5s + parents/carers

Step Wee Cèilidh is an opportunity for young children (0-5) and their parents/carers to enjoy music, movement and some Gaelic language. The sessions will be relaxed and informal with full musical accompaniment for all the songs, you can sing along loudly if you choose or not at all - it's up to you. The aim is for all to enjoy, dance moves are basic and will be explained. We encourage you to give it a good whirl. Exposure to music, movement and additional language has proven linguistic, social and physical advantages.



Gaelic Song 11.30am – 12.30pm
An introduction to Gaelic Song with Mischa Macpherson.

All Ages



The Gaelic Landscape: Author Talk – John Murray 1pm – 2.30pm

Gaelic language and culture underpins almost everything we see around us in large parts of Scotland. John Murray is a former Director of Landscape Architecture at Edinburgh University his first book Reading the Gaelic Landscape was published in 2014 providing an insight into the Gaelic language in the Scottish landscape. In his latest book Literature of the Gaelic Landscape the author has immersed himself further in the Gaelic literature of place so that readers, with book in hand, can make the past come alive and appreciate the extracts about a place and what has happened there. This talk will also explore links to the local area.



An Introduction to Reading in Gaelic 2pm

Whether you're a complete beginner or fluent Gaelic speaker this session will provide an introduction to books and resources available to start a Gaelic reading journey. Delivered by the Gaelic Books Council.

All Ages



Film

A selection of short Gaelic films from the Film G awards will be screened throughout the day.

All Ages



Afternoon Concert with Mischa Macpherson 3pm

Lewis-born singer Mischa Macpherson has already scooped several major UK folk awards – a fitting testament to her music's pure-distilled expressiveness and radiant vitality. Named Gaelic Singer of the Year at the MG Alba Scots Trad Music awards and BBC Radio 2's Young Folk Award Winner, she is a musician in high demand performing extensively with her own band as well as a vast and diverse list of other projects including Martyn Bennett's GRIT Orchestra (2016) and The Unusual Suspects of Celtic Colours (2017). Mischa will be joined by a selection of special guests including Kinfauns Stepdancers.

All activities including the concert are **free** and no previous experience of Gaelic is necessary.

For further information or to book a place in any of the workshops contact

01738 476495 or Gaelic@pkc.gov.uk.



Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh

Gaelic weekend for all levels of learners

A chance to improve
your Gaelic and meet
other learners

Free accommodation
available for overnight stay

Come and experience a weekend packed full of activities to improve and develop your Gaelic. Over the weekend you will have the chance to:

- ✗ Plant outdoors in our Community Garden with **Rona Lawson**
- ✗ Go on a tour of Newbattle Abbey College, where the Declaration of Arbroath was drafted
- ✗ Participate in a grammar workshop with **Michel Byrne**
- ✗ Sing with **Gillebride Mac'Illemhaoil**
- ✗ Enjoy storytelling round the campfire with **Neil MacGregor**.

The weekend is **FREE** and funded by **GLAIF**.

Contact gillt@newbattleabbeycollege.ac.uk
or telephone 0131 663 1921

**28/29
APRIL 2018**
NEWBATTLE ABBEY COLLEGE
Newbattle Road, Dalkeith
EH22 3LL



new tradition



hebridean sky album launch concert

With support from

Iain Angus Macleod
and
Amy MacKay

Tarbert Community Centre, Harris

Saturday 23rd June @ 8.00 p.m.

Doors open 7.30 p.m.

Admission £7 at the door Licensed Bar



Care for a Cèilidh

'S e sgeama sònraichte a th' ann an "Care for a Cèilidh" far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus luchd-ciùil traidiseanta a' cumail cèilidhean ann an taighean-cùram eadar-dhealaichte. Chìtheart gu h-iosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheimin a chaidh a chumail le "Care for a Cèilidh". Taing mhòr dhuibh uile.

"Care for a ceilidh" is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent "Care for a Cèilidh" events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





Fàilte air ais gu Oisean an Luchd-Ionnsachaidh! Tha sinn an dòchas gu bheil thu gu dòigheil. Tha sinn an seo airson innse dhut mu na rudan ùra a nochd air ar làrach-lìn sa Giblean.

Tha sinn air ar dòigh gu bheil coltas an earrach ann a-nis. A bheil thu air a bhith a' cur beagan a bharrachd ùine seachad air a' bhlàr a-muigh? Agus a bheil thu air uan fhaicinn am-bliadhna-sa fhathast? Chunnaic sinne fear airson a' chiad turas cola-deug air ais. Abair gun robh e snog! Ionnsaich briathrachas feumail airson an earrach leis an [liosta Fichead Facal](#) againn.

Cò bha a' leantainn Geamaichean a' Cho-fhlaitheis? Nach e Sgioba na h-Alba a rinn math? Bhuannaich iad 44 buinn, 9 buinn òir nam measg! Chruinnich sinn [liosta de na diofar spòrs](#), agus airson tuilleadh

Welcome back to our Learners' Corner! We hope that you're well. We're back to update you on what's been happening on our website in April.

We're delighted that spring has finally sprung. Have you been spending a little more time outdoors? And have you seen a lamb this year yet? We saw one for the first time a couple of weeks ago. It was a cutie! Learn some useful spring vocabulary with our [20 Word list](#).

Who was following the Commonwealth Games? Didn't Team Scotland do well? They won 44 medals, including 9 golds! We compiled [a list of the disciplines](#), and for more sporting vocabulary check

briathrachais spòrs thoir sùil air an [liosta Fichead Facal](#) eile againn.

Bha Dihaoine an treas latha deug againn sa Giblean. A bheil fios agad cò às a thàinig an saobh-chràbhadh seo? Tha cuid den bheachd gu bheil ceangal Ceilteach ann, ach chan eil sgeul againne, mar Ghàidheil no mar Albannaich, air seanhacail, sgeulachdan no nòsan a tha gu sònraichte ceangailte ris an latha seo. Tha tòrr sgeulachdan, nòsan is seanhacail saobh-chràbhach eile rin lorg ann an Alba. Ma tha ùidh agad ann an nòsan saobh-chràbhach Gàidhealach, tha grunn dhiubh ann an [Litir do Luchd-ionnsachaidh](#) is [An Litir Bheag](#).

A' coimhead air adhart chun a' Chèitein, tha fios againn gum bi aire nan oileanach a' tionndadh gu àm nan deuchainnean. Bu mhath leinn gach soirbheas a ghuidhe dhuibh uile! Agus nam bu toil leat fhèin dùrachd mar seo a chur sa Ghàidhlig, feuch seo:

*[Guma math a thèid leat!](#)
[Guma math a thèid leibh!](#) (plural/polite)*

Tha sinn an-còmhnaidh toilichte cluinntinn bhuat. Ma bhios tu a' cleachdadhbh nam meadhanan sòisealta lorgaidh tu sinn air [Facebook](#), [Twitter](#) is [Instagram](#). Cuideachd faodaidh tu post-d a chur thugainn gu mairi@learngaelic.scot. Faodaidh tu ar cuairt-litir sheachdaineach fhaighinn le bhith a' leigeil fios thugainn air post-d.

out our other [20 Words list](#).

There was a Friday the 13th in April. Do you know where this superstition comes from? It is thought that it may have a Celtic connection, but we don't know of any proverbs, signs or tales to link it to the Gaels. There are, however, plenty of superstitious tales, ways and proverbs to be found in Scotland. If you are interested in superstitious Gaelic customs, there is lots to read in [Litir do Luchd-ionnsachaidh \(Letter to Gaelic Learners\)](#) and [An Litir Bheag \(The Little Letter\)](#).

Looking ahead to May, we know that students' attention will turn to exam time. We'd like to wish you all the very best with your endeavours! And if you'd like to wish someone 'good luck' in Gaelic, try this:

We're always pleased to hear from you! If you're on social media you'll find us on [Facebook](#), [Twitter](#) is [Instagram](#). You can also email us with any questions to mairi@learngaelic.scot. You can subscribe to our weekly newsletter via email too.

Gnàthasan-cainnt na mìosa / Idioms of the month

www.learngaelic.scot/dictionary



O CHIONN FHADA AN T-SAOGHAIL
fuaim / pronunciation bit.ly/1s1rW7D

It literally translates as “since the length of the world” but means “for a very long time” or “since long, long ago”.

CHAN ANN LEIS A' CHIAD BHUILLE A THUITEAS A' CHRAOBH
fuaim / pronunciation bit.ly/1AZtwGO

This translates as “it is not with the first strike that the tree falls” and we use it in the same way as the English “little strokes fell great oaks”. (i.e. you can manage the biggest of tasks by working one step at a time on smaller parts).

CAS AIR FALBH IS CAS A' FUIREACH
fuaim / pronunciation bit.ly/1zP9dMI

The literal meaning here is “one foot/leg gone and one staying” and it’s a pretty interesting way for expressing the feeling of “indecisiveness”!

Luchd-Tòiseachaidh / *Beginners*

www.learnagaelic.scot/beginners



We've been looking at [units 14 – 17 of our **Beginners' Course**](#) this month. One of the subjects that we covered was verbs. Do you know all of the following?

ag obair	working	ag ionnsachadh	learning
ag ithe	eating	ag èisteachd	listening
a' dansa	dancing	a' cluich	playing

You'll find more help for learning verbs in [Episode 21 \("Saying What You're Doing"\) of Speaking Our Language](#). There's all the episode clips and an online worksheet.

Or how about [Unit 4 in the Little By Little series](#)? It'll teach you to say what you've been doing.

Also, there's a couple of new [20 Words](#) lists. This month's additions help you discuss your pets in Gaelic:

[Pets 1 – different types of pets and their features](#)

[Pets 2 – commands, objects, food and drink](#)

Cleachd Gàidhlig / Use Gaelic

www.learnngaelic.scot/usegaelic



Seo goireasan do dhaoine a tha seachad air ìre 'neach-tòiseachaidh'.

This is our 'post-beginner' section with resources to develop your Gaelic skills.

Litir do Luchd-ionnsachaidh (Letter to Gaelic Learners)

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

BBC Radio nan Gàidheal's weekly letter to Gaelic learners.

Tha faidhle-fuaim, teacsa, briathrachas agus puingean càinain rim faighinn annata.

Sound files, text, vocabulary and language notes included.

Litir 976 [eachdraidh nan Ceilteach sa Chòrn](#)

Letter 976 [history of the Celts in Cornwall](#)

Litir 977 ['Offa's Dyke'](#)

Letter 977 ['Offa's Dyke'](#)

Litir 978 [a' toirt sùil air Eilean Mhanainn](#)

Letter 978 [looking at the Isle of Man](#)

Litir 979 [cìoch air sreach nan Ceilteach](#)

Letter 979 [finishing the Celtic series](#)

An Litir Bheag (The Little Letter)

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

BBC Radio nan Gàidheal's weekly letter to Gaelic learners.

Bidh iad seo cuideachail do luchd-ionnsachaidh a tha seachad air ìre-tòiseachaidh.

These will be helpful to learners who are beyond a beginners' level and want to read more.

Tha faidhle fuaim, teacsa agus eadar-

Audio, text and translation accompany each

theangachadh an cois gach litir.

letter.

Litir Bheag 972 [eachdraidh nan Ceilteach sa Chòrn](#)

Litir Bheag 973 ['Offa's Dyke'](#)

Litir Bheag 974 [a' toirt sùil air Eilean Mhanainn](#)

Litir Bheag 975 [crioch air sleath nan Ceilteach](#)

Little Letter 972 [history of the Celts in Cornwall](#)

Little Letter 973 ['Offa's Dyke'](#)

Little Letter 974 [looking at the Isle of Man](#)

Little Letter 975 [finishing the Celts' series](#)



Coimhead Gàidhlig (Watch Gaelic)

Criomagan bhidio às aonais fo-thiotalan bho phrògraman BBC ALBA le tar-sgrìobhadh Gàidhlig, eadar-theangachadh Beurla agus briathrachas.

Un-subtitled clips from BBC ALBA programmes with a Gaelic transcription, an English translation and vocabulary.

[Eachdraidh nan Gàidheal - obair choilltearachd dha na h-eilthirich](#)

[History of the Gaels – forestry work for the Highland emigrants](#)

[DIY le Bonnie - a' leasachadh geata](#)

[DIY with Bonnie – improving the gate](#)

[Lèirmheas leabhar sci-fi](#)

[Sci-fi book review](#)

['S iomadh facal a th' ann airson corragan](#)

[The many Gaelic words for fingers](#)

[Bainne cruidh Ghàidhealtachd](#)

[The milk of Highland cattle](#)

[Briosgaidean parmesan aig Fraoch Nic an Deòir](#)

[Heather Dewar's parmesan biscuits](#)

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703487

www.ancomunn.co.uk

